

Comataidh Inbhean MG ALBA

BBC PQ, Glaschu

Dimàirt 23 Faoilleach 2018, 1330-1630

Dreach geàrr-chunntas

Buill: Jo NicDhòmhnaill (*sa Chathair*) Magaidh Choineagan
 Catriona Nic a' Phì Iain Stephen Moireasdan

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)
 Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd*)
 Màiri Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis*)

1. Leisgeulan

Calum MacFhearghais.

2. Gnothach Dearbhte

Dh'innis Catriona Nic a' Phì gu robh i ag obair air prògraman Device Squad le Bees Nees.

Dh'innis Jo NicDhòmhnaill gun do rinn i obair air Na Trads dha Bees Nees Media. Dh'innis i cuideachd gum biodh i air Bòrd Stiùiridh Sabhal Mòr Ostaig bhon Mhàrt 2018.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 5/10/17

Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

Chaidh iad seo a chomharrachadh.

5. Fios air ais air Clàr na Nollaig

Bha clàr phrògraman na Nollaig agus fianais mun luchd-coimhid Gàidhlig air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Chaidh moladh a dhèanamh air farsaingeachd agus feabhas nam prògraman. Bhathas dòchasach gun toireadh seo piseach air àireamhan luchd-amhairc.

Chaidh an obair a rinn an sgioba teicnigeach agus sgioba phrògraman gus clàr na Nollaig a lìbhrigeadh a mholadh.

6. Lèirsinn 2021

Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt iomradh air adhartas mu choinneimh gach amas ro-inleachdail ann an Lèirsinn 2021 agus chaidh còmhradh a chumail, le iomradh ga thoirt air na h-iomairtean a bha an sgioba a' cleachdadh gus na h-amasan a choileanadh.

Bha buill toilichte le obair an Aonaid Dhidseataich agus obair Electrify.

Chaidh a chomharrachadh gu robh an Lèirsinn mothachail air an t-seann Phlana Nàiseanta agus le dùil ri plana ùr a dh'aithghearr, dheigheadh buaidh sin a thoirt fainear. (Gnìomh: IMT)

Bha buill riarachta le obair nan oifigearan ann a bhith a' coileanadh amasan an Lèirsinn.

7. Clann & Òigridh

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an amais a bhith a' craoladh dreach ùr de stuthan chloinne san t-Sultain 2018. Chaidh innse gu robh buidheann-obrach ag obair air an seo an ceartuir le dùil ri molaidhean a thighinn fa chomhair Bòrd na Co-bhanntachd air 7/2/18.

Chaidh fàilte a chuir air a' ghluasad seo. Bha buill mothachail gu robh ceistean mòra na lùib agus dh'iarr iad fiosrachadh a chumail ris a' Bhòrd. (Gnìomh: DC)

Chaidh moladh beachdachadh air ceist a chur an lùib rannsachadh TRP mu chleachdadh chloinne a thaobh cànan, cultar agus uairean craolaidh. (Gnìomh: IMT)

Chaidh aontachadh gum bu chòir an rannsachadh PhD mu phrògraman chloinne a cho-roinn cho luath agus a ghabhadh. (Gnìomh: IMT)

8. Measadh air luach is èifeachd oidhirpean sanasachd

Bha pàipeirean air beulaibh bhall a' mìneachadh an t-sanasachd airson na seanail a rinneadh leis a' chompanaidh ùr PR bhon Iuchar 2017 agus obair an Aonaid Dhidseataich.

Chaidh obair na buidhne PR a mholadh gu mòr, mar a chaidh an dòigh san robh buill a' faighinn fiosrachadh seachdaineil bhuapa. An cuide ri obair mhath an Aonaid Dhidseataich, bhathas dòchasach gun toireadh seo buaidh air àireamhan luchd-amhairc.

9. Aithisgean dèanadais 3 2017/18

Chaidh iad seo a chomharrachadh.

10. GISBE

Chaidh iarraidh gun deigheadh liosta de phròiseactan co-mhaoinichte na buidhne a chuir fa chomhair a' Bhùird. (Gnìomh: IMT)

LearnGaelic – chaidh innse gun d' fhuairas dà thagraidh a thaobh na h-obrach a chaidh a shanasachadh airson LG a leasachadh. Thèid fios a chumail ris a' Chomataidh. (Gnìomh: DC)

Tàlant rèidio – chaidh còmhradh a chumail a thaobh an leasachadh a bu mhiann le buill fhaicinn a thaobh co-roinn thàlant eadar Radio nan Gàidheal agus BBC ALBA. Chaidh eisimpleirean de chothroman a dh'fhaodadh a bhith ann a dheasbad, a thuilleadh air a bhith a' coimhead ri co-obrachadh leis an t-seanail ur BBC Scotland.

11. Deit na h-ath choinneimh – 22/3/18, Steòrnabhagh

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: